

Dreuchd:	Co-òrdanaiche Corporra	
Tuarastal:	B3 – £45,894 – £54,952	
Àite-obrach:	Obair Mheasgaichte	
Uairean-obrach:	Làn-thìde– 35 uairean san t-seachdain	
Air a stiùireadh le:	Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra	
Bidh thu a' stiùireadh:	Ri dhaingneachadh	
Cùmhnannt:	Maireannach	

Adhbhar na dreuchd

Tha an Co-òrdanaiche Corporra an urra ri bhith a' cumail sùil air agus a' co-òrdanachadh obair rianachd aig àrd ìre, a' toirt taic dhan sgioba-stiùiridh gus dèanamh cinnteach gu bheil a' bhuidhinn ag obair gu math agus gu h-èifeachdach. Tha an dreuchd seo, le fòcas taobh a-staigh na buidhne, a' gabhail a-steach a bhith a' riaghladh shiostaman oifis, a' cumail sùil air riaghladh, leasachadh, cur an gnìomh agus gèilleadh a thaobh phoileasaidhean agus mhodhan-obrach agus a' conaltradh agus a' co-òrdanachadh leis an sgioba nas fharsainghe.

Prìomh-amasan

- A' dèanamh cinnteach gu bheil pàipearan a' bhùird agus nan comataidhean air an ullachadh agus air an sgaoileadh gu h-èifeachdach, gu bheil iad ceart agus a rèir nan riaghailtean, a' cumail taic ri riaghladh èifeachdach, co-dhùnaidhean fiosraichte, agus ri gèilleadh ri riaghailtean.
- A' lìbhrigeadh taic gnìomhachais èifeachdach dhan sgioba-stiùiridh
- A' riaghladh cruthachadh agus cur an gnìomh sheirbheisean is ghnìomhachdan taobh a-staigh na buidhne a' gabhail a-steach a bhith a' cruthachadh agus a' cumail ri poileasaidhean is modhan-obrach
- A' dèanamh cinnteach gu bheil fios aig a' bhuidhinn mu na dleastanasan a th' oirre a thaobh reachdas agus deagh chleachdadh, agus thaobh riaghladh chlàran, agus gu bheil i a' coileanadh nan dleastanasan sin.
- A' cumail taic ri stiùireadh phròiseactan agus iomairtean air feadh na buidhne

Dleastanasan sònraichte

- A' cruthachadh agus a' stiùireadh phoileasaidhean, shiostaman agus dòighean-obrach oifise, a' gabhail a-steach a bhith a' cumail sùil air bun-inbhean coileanaidh air feadh na buidhne
- Riaghladh obrachaidh air pròiseasan a' bhùird agus nan comataidhean, a' gabhail a-steach a bhith a' sgrìobhadh gheàrr-chunntasan sa Ghàidhlig
- Ag ullachadh agus a' riaghladh plana trèanaidh na buidhne agus a' dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile ball den luchd-obrach agus den bhòrd a' gèilleadh ri siostaman trèanaidh is leasachaidh

- Riaghladh obrachaidh air clàr-ama choinneamhan agus aithris an sgioba-stiùiridh
- A’ stiùireadh mar a chuireas a’ bhuidheann poileasaidhean slàinte, sàbhailteachd agus càileachd an gnìomh
- A bhith mar phrìomh neach-ceangail leis an t-solaraidhe HR gus dèanamh cinnteach gu bheil siostaman is pròiseasan HR air an cumail suas, gu bheilear a’ cumail sùil orra agus a’ dèanamh cinnteach gu bheil iad a rèir reachdas agus deagh chleachdadh làithreach.
- A’ dèanamh cinnteach gu bheilear a’ cumail sùil air poileasaidhean is modhan-obrach taobh a-staigh na buidhne agus gu bheil iad a rèir riatanasan reachdail
- A’ dèanamh ath-sgrùdadh agus ùrachadh gu cunbhalach air modhan-obrach coitcheann na buidhne gus am bi iad a rèir cleachdadh làithreach, a’ gabhail a-steach teicneòlasan ùra
- A bhith mar phrìomh neach-rianachd fastaidh, a’ gabhail a-steach a bhith a’ dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach ùra air am fastadh, a’ faighinn trèanadh inntrigidh agus gan sgrùdadh a rèir poileasaidhean is modhan-obrach na buidhne.
- Ag obair le luchd-sgrùdadh air an taobh a-staigh agus a-muigh mar a dh’fheumar
- An urra ri bhith dèanamh cinnteach gun tèid fiosrachadh iomchaidh agus treandaichean buntainneach bho gach roinn den bhuidhinn a chruinneachadh agus gus aithisgean buntainneach a thoirt dhan sgioba-stiùiridh agus dhan bhòrd-stiùiridh
- A’ toirt taic dhan sgioba-stiùiridh le measadh agus lìbhrigeadh a’ phlana obrachaidh

Teisteanasan, sgilean agus eòlas

Sgilean	Ion-mhiannachd
Ceum no teisteanas co-ionann ri ceum (SCF 9) ann an cuspair buntainneach	Riatanach
Eòlas air pròiseactan a stiùireadh agus a bhith a’ brosnachadh dòigh-obrach cho-obrachail	Riatanach
Dealas a ghabhas a dhearbhadh ann a bhith a’ faighinn an fhiosrachaidh phroifeiseanta as ùire	Riatanach
Sgilean rianachd aig àrd-ìre, a’ gabhail a-steach a bhith a’ sgrìobhadh gheàrr-chunntasan ann an Gàidhlig agus Beurla	Riatanach
Sgilean conaltraidh is taisbeanaidh fìor mhath, an dà chuid sgrìobhte is labhairteach ann an Gàidhlig is Beurla	Riatanach
Eòlas air a bhith a’ stiùireadh atharrachadh agus air mothachadh riosg	Riatanach
Eòlas air aithisgean a sgrìobhadh, lèirmheasan a dhèanamh agus buaidh a thoirt air daoine eile	Riatanach
Fìor dheagh sgilean eadar-phearsanta	Riatanach
A’ comharrachadh dhuilgheadasan, a’ dèanamh anailis air fiosrachadh, a’ sgrùdadh roghainnean agus a’ cleachdadh reusanachadh gus co-dhùnaidhean fiosraichte a ruighinn	Riatanach
Deagh thuigse air dleastanasan slàinte is sàbhailteachd agus air slatan-tomhais càileachd	Riatanach
Eagraichte gu math, for-ghnìomhach agus a’ suidheachadh inbhean àrda	Riatanach
Seasmhach ann an àrainneachd dhùbhlach agus comasach air co-dhùnaidhean doirbhe a dhèanamh	Riatanach
	N

Làn chead-dràibhidh na RA	Na bhuannachd

Buannachdan
 Bidh luchd-obrach le cùmhnantan maireannach, no cùmhnantan sealach a mhaireas 3 mìosan no nas fhaide, nam buill de Mhaoin Peinnsein Chomhairle na Gàidhealtachd, mura dèan iad iarrtas gus tarraing a-mach. www.highlandpensionfund.org

Tha còir air 30 latha de làithean-saora sa bhliadhna, agus 7 làithean-saora poblach. Tha seo ag èirigh gu 35 latha sa bhliadhna às dèidh a bhith ag obair dhuinn fad 4 bliadhna.

Disclosure Scotland
 Mar phàirt de na Bun-ìrean Tèarainteachd aig Riaghaltas na h-Alba, cuiridh Bòrd na Gàidhlig sgrùdadh Disclosure Scotland air dòigh airson a h-uile tagraiche soirbheachail.

Eile
 Tòisichidh luchd-inntrigidh ùr mar as trice air an ìre as ìsle den sgèile pàighidh le dreuchdan maireannach airidh air adhartas mean air mhean, le ùmhlachd do phoileasaidh Bòrd na Gàidhlig.

Dh'fhaodte gum bi agad ri siubhal mar phàirt den obair seo agus dh'fhaodte gum bi oidhcheannan air falbh bhon dachaigh a dhìth uaireannan.

Seo tuairisgeul air an obair mar a tha i an-dràsta. Tha e na chleachdadh àbhaisteach ath-sgrùdadh a dhèanamh air tuairisgeulan obrach bho àm gu àm gus dèanamh cinnteach gu bheil iad iomchaidh dhan obair a thathar a' dèanamh aig an àm sin, agus gus dèanamh cinnteach gu bheil atharrachadh sam bith ann a tha air tachairt no a thathar a' moladh.

Airson barrachd fiosrachaidh mu Bhòrd na Gàidhlig, faic an làraich-lìn againn: www.gaidhlig.scot.